Speaking Our LANGUAGE



# TAGH AN T-ADHBHAR CEART
## CHOOSE THE CORRECT REASON

**Beachdaich air na suidheachaidhean agus na ceistean a leanas agus tagh na h-adhbharan as fhreagarraiche airson nam freagairtean.**

Consider the following situations and questions and choose the most appropriate endings for the replies.

**1**

Theid càraid, Coinneach agus Mairead, a dh'fhaicinn taigh-taisbeanaidh.

Mairead: **Carson a thàinig sinn an seo?**

Coinneach: **Thàinig sinn …** ☐

a) … a chionn 's gu bheil sinn a' dol a cheannach an taighe seo.
b) … a chionn 's gun robh sinn airson taigh spaideil fhaicinn.
c) ... a chionn 's gun robh sinn airson an taigh seo a pheantadh.

**taigh-taisbeanaidh** - a showhouse

**2**

Tha Mairead agus Coinneach ag iarraidh an seòmar-suidhe aca a phàipearachadh. Tha Alasdair, caraid do Choinneach, ag ràdh gum faodadh esan an seòmar-sùidhe aca a phàipearachadh dhaibh an-asgaidh. Ach chan eil e math air pàipearachadh agus co-dhiù, tha iad air peantair fhastadh mu thràth.

Alasdair: **Carson nach fhaodainn-sa am pàipearachadh a dhèanamh?**

Mairead: **Chan fhaod thu a dhèanamh …** ☐

a) … a chionns 's gu bheil na prìsean agad ro àrd.
b) … a chionn 's gun d'fhuair sinn cuideigin mu thràth airson a dhèanamh.
c) … a chionn 's gun deach an taigh a phàipearachadh an-uiridh.

**fhastadh** - hired

**Eadar-theangachadh: 1.** A couple, Kenneth and Margaret, go to see a showhouse. **Margaret:** Why did we come here? **Kenneth:** We came... **a)** ... because we're going to buy this house. **b)** ... because we wanted to see a smart house. **c)** ... because we wanted to paint this house.
**2.** Margaret and Kenneth want to paper their sitting room. Alasdair, a friend of Kenneth's, says that he could paper their sitting room for them for free. But he isn't good at papering and anyway, they have already hired a painter. **Alasdair:** Why couldn't I do the papering? **Margaret:** You can't do it... **a)** ... because your prices are too high. **b)** ... because we have already got someone to do it. **c)** ... because the house was papered last year.
**Freagairtean:** 1 - b; 2 - b;